

An t-Alltan: Aithisgean air Prìomh Sheiseanan

‘Cha robh e mise: a’ libhrigeadh structaran cànan sa bhun-sgoil

Amasan:

- Toirt sùil air puingeann cànan a tha ag adhbhrachadh dhuilgheadasan do sgoilearan ann am FTMG sa bhun-sgoil
- Taisbeanadh dhòighean-teagasg agus dòighean air puingeann sònraichte a dhaighneachadh ann an obair tar-churraicealaim
- Obair-buidhne air puingeann sònraichte
- Cothrom do luchd-teagasg beachdan a thoirt seachad air na bhios sa chùrsa ùr cànan aig Stòrlann don bhun-sgoil (2010)

Neach-libhrigidh:

Màiri Kidd, Stòrlann (an àite neach-libhrigidh nach b’ urrainn bhith an làthair)

Aithisg:

Chaidh eisimpleirean den t-seòrsa stuth a dh’fhaodadh a bhith mar phàirt de phrògram-cànan a thaisbeanadh do luchd com-pàirt agus fhuair iad cothrom beachdan a thoirt seachad. Nam measg seo bha na leanas:

- Tha an structar a thathar a’ moladh cuimseach ceart, i.e. notaichean-tidseir, beachdan air gnìomhan a ghabhas cleachdadh gu diofar phuingeann a theagasg agus stuthan leudachaidh leithid dràma agus òrain
- Tha feum air notaichean-tidseir a’ soilleireachadh phuingeann cànan oir chan eil a h-uile tidsear bun-sgoil misneachail às na sgìlean cànan aice/aige
- Thathar a’ cur fàilte air cothroman air puingeann a dhaighneachadh ann an labhairt agus bu chòir seo a bhith aig cridhe prògram sam bith
- Tha molaidhean air dòighean gus an cànan a cheangal ri obair tar-churraicealaim feumail oir cha neil tidsearan bun-sgoile air an trèanadh mar thidsearan cànan san aon dòigh ri tidsearan àrd-sgoile ach tha na sgoilearan aca mar as trice ag ionnsachadh na Gàidhlig mar dhàrna cànan
- Tha cruaidh fheum air tuilleadh stuthan-leughaidh airson cànan na cloinne a thoirt air adhart. Thathar a’ moladh gun leugh clann sa bhun-sgoil co-dhiù leabhar gach seachdain agus chan eil Gàidhlig faisg air an ìre far a bheil sin air chomas

Chaidh bruidhinn air puingeann a tha ag adhbhrachadh dhuilgheadasan do sgoilearan ann am FTMG sa bhun-sgoil anns na diofar sgoiltean is sgìrean san robh an luchd com-pàirt agus chaidh na leanas a ràdh:

- Tha na h-aon phuingeann ag adhbhrachadh dhuilgheadasan ge b’ rith cà bheil a’ chlann
- Tha na duilgheadasan ann an Duilgheadasan Cànan fhathast nan duilgheadasan an-diugh
- Tha na duilgheadasan gu math bunaiteach agus dh’fheumadh prògram sam bith coimhead air an t-siostam-ghnìomhairean agus bun-structaran eile
- Feumar sùil a thoirt air bogadh oir mun àm a ruigeas clann ceann shuas na sgoile tha an cànan aca gu math stèidhichte

Thàinig buidhnean beaga còmhla airson smaointinn mu dhòighean air structaran cànan a thoirt air adhart agus chaidh iomradh a thoirt air na leanas:

- Geamannan bùtha far a bheil a’ chlann a’ feuchainn tomhas dè ‘cheannaich’ pàiste – cothrom na tràthan a chleachdadh
- Geamannan cuimhne leithid ‘Chaidh mi air saor-làithean agus thug mi leam’
- Geama Paul Jones
- Bingo – maidseadh ceistean is freagairtean
- Dràma – sgrìobtaichean sgrìobhte agus an làrach nam bonn
- Gemannan foghlaim corporra, e.g. ruith gu freagairtean air a’ bhalla



Chaidh sealltainn ri Clàr Teagasg Cànan Chomhairle na Gàidhealtachd agus bha an luchd com-pàirt den bheachd gur e fìor dheagh structar a th’ ann airson prògram cànan.

Stuthan:

Notaichean-tidseir air an tràth theachdail (ann an riochd .pdf)
 Notaichean air aon dòigh gus an tràth theachdail a theagasg (ann an riochd .pdf)
 Dràma (ann an riochd .pdf)
 Rap (ann an riochd .pdf)
 Leudachadh tar-churraicealaim (ann an riochd .pdf)
 Clàr Teagasg Cànan, le taing do Chomhairle na Gàidhealtachd agus Dòmhnall Iain MacLeòid (ann an riochd .pdf)